

# NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 4 | 2014 | AN GIBLEAN

## Facal Toisich

Ann an dòigh no dhà tha ceanglaichean eadar creideamhan mòra an t-saoghail, co-dhiùbh an fheadhainn a tha a' creidsinn ann an aon Dia. Tha Mohamedanaich, Iùdhaich agus Crìosdaidhean le chèile a' toirt spèis do dh'Abraham agus do dhaoine cràbhach eile air a bheil iomradh againn anns an t-Seann Tiomnadh. Tha Iosa Crìosd air ainmeachadh anns a' Choràn.

Ach a bheil teagasg sònraichte ann a tha a' dèanamh sgaraidh eadar an creideamh Crìosdail agus na creudan eile dam bi na milleanan a' toirt taic?


Nuair a choimheadas sinn air creideamhan eile, 's e am beachd a gheibh sinn 's e gun tèid aig an duine le 'oidhirpean fhèin, streap suas, mar gum biodh, a dh'ionnsaigh Dhè. Gu bheil e comasach do dhaoine le ìobairtean is ùrnaighean, le bhith a' dèanamh rudan sònraichte agus a bhith a' seachnadh rudan eile, fàbhar Dhè a chosnadh.

Ach 's e teachdaireachd an t-Soisgeil nach deidh aig an duine gu bràth Dia a' lorg a-mach le 'oidhirpean fhèin. 'S e a chì sinn anns an Tiomnadh Nuadh Dia a' tighinn a-nuas a dh'ionnsaigh dhaoine, Dia a' gabhail a' cheud cheum ann an obair na slàinte. Tha Pòl ag ràdh, agus e a' gabhail beachd air obair na rèite, *Is ann o Dhia a tha na h-uile nithean.*

Tha Pòl dèidheil air an fhacal *gràs*. 'S e a tha ann an *gràs*, gràdh Dhè air a chur gu buil, air a chur ann an gnìomh, ann an Iosa Crìosd. *Is ann le gràs a tha sibh air bhur teàrnadh, tre chreideamh.* 'Na ghràs tha Dia a' sineadh a-mach a làimhe thugainne, agus tha sinn ann an creideamh a' gabhail greim air an làimh sin a tha sìnte dar n-ionnsaigh.

**Gach deagh dhùrachd dhuibh uile,**

**Ruairidh MacLeòid**



Seo a' chùbaid ann an eaglais Bheàrnaraigh na Hearadh. Thog an Eaglais Shaor trì eaglaisean faisg air an aon àm, ann am Beàrnaraigh, aig a' Chlachan ann an Uibhist a Tuath agus ann am Beinn na Fadhlà. Thogadh an dealbh le Coinneach Mac a' Ghobhainn, nach maireann. Bha Coinneach 'na òige ann am Beàrnaraigh nuair a bha 'athair, an t-Urr. Murchadh Mac a' Ghobhainn, 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir Aonaichte o 1928.

## Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo tha sinn aig àm na Càisge a' cumail cuimhne air bàs agus aiseirigh Iosa Crìosd. An turas seo tha sinn a' cur cheistean oirbh mun aiseirigh.

1. Cò a chaidh 'na ruith an toiseach gu uaigh Iosa? (Lùcas, caibideil 24)
2. Cuir crìoch air na faclan seo: "Mura d'èirich Crìosd, tha bhur creideamh-se \_\_\_\_\_". (1 Corintianaich, caibideil 15.)
3. Cò a sheas a-muigh aig uaigh Iosa, a' gul? (Eòin, caibideil 20)
4. Cò a cheannaich lion-aodach grinn airson corp Iosa? (Marcus, caibideil 15)

# Searmon Beag

'S e am Prìomhair Harold Wilson a thubhairt gur e ùine fhada a tha ann an seachdain ann an saoghal poileatics. Faodaidh tòrr tachairt cuideachd an taobh a-staigh seachdain ann an eachdraidh an t-Soisgeil.

Smaoinich air an t-seachdain eadar Didòmhnaich Shlat-pailme agus Didòmhnaich na Càisge. Aig toiseach na seachdain chuir an sluagh fàilte rìoghail air losa agus E a' dol a-steach do dh'Ierusalem. Dh'fhuadaich losa an luchd-malairt on teampall. Chuir E Sàcramaid a' Chomanaich air chois anns an t-seòmar uachdarach.

Ach ro dheireadh na seachdain cha b'e *Hosanna* a chualas air sràidean Ierusalem ach *Ceus e! Ceus e!*


Agus smaoinich air an t-seachdain eadar Didòmhnaich na Càisge agus an ath Dhòmhnach. Air feasgar Sàbaid na Càisge dh'fhoillsich losa E E Fhèin do na deisciobail anns an t-seòmar uachdarach. Sheall E daibh a làmhan agus a thaobh. 'S e a bha ann an ceart da-rìreabh, air èirigh le buaidh o na mairbh. *Bha aoibhneas air na deisciobail nuair a chunnaic iad an Tighearna.*

Ach bha seachdain eile air a dhol seachad. Bha na deisciobail a' feitheamh agus a' cur cheist. Cuin a chìtheadh iad losa a-rithist? Ciamar a nochdadh E E Fhèin dhaibh? Bhiodh fhathast eagal, mì-chinnt, 'nan cridhe nuair a thàinig iad cruinn a-rithist anns an t-seòmar uachdarach.

Bha aon de na deisciobail nach robh ann a' cheud turas a bha còmhla ri càch nuair a bha iad anns an t-seòmar uachdarach an darna turas. B'esan Tòmas. Chan eil fios càit an robh esan a' cheud turas. 'S dòcha gu robh e airson a bhith greis leis fhèin a' meòmhrachadh air na bha air tachairt. Co-dhiùbh, nuair a dh'innis càch gu robh iad air losa fhaicinn agus E beò, cha chreideadh e iad. Cha chreideadh e gu robh sin fìor gus am faiceadh e e air a son fhèin.

An darna turas bha facal sònraichte aig losa do Thòmas. *Sin a-mach do mheur agus cuir e ann an làrach nan tairngean. Cuir do làmh 'nam thaobh far a bheil an làrach a rinn sleagh an t-saighdeir Ròmanaich.* Chan eil air innse dhuinn gun do rinn Tòmas sin. Cha b'urrainn dha dad a dhèanamh ach a bhith ag ràdh, *Mo Thighearna agus mo Dhia.* Cha b'urrainn dha a bhith teagmhach no as-creidmheach tuilleadh, oir bhe e air losa fhaicinn le a shùilean fhèin ann an glòir na h-aiseirigh.

Chaidh Tòmas agus na deisciobail eile a-mach air feadh an t-saoghail le teachdaireachd an t-Soisgeil, gun d'fhuair losa bàs air a' chrann airson slàinte agus mathanas a chosnadh dhuinne, agus gun do dh'èirich E le buaidh o na mairbh airson dòchas beò a thoirt dhuinn.



## Tòimhseachan Tarsaing

### Tarsaing

1. "Cò —?" (4) – Ecsodus, caibideil 3.
3. An dreuchd aig Habacuc. (5) – Habacuc, caibideil 1.
8. Bha iad seo aig Dàniel fosgailte ri Ierusalem. (9) – Dàniel, caibideil 10.
9. "Nach iomadh — a tha air an gairm." (5) – 1 Corintianaich, caibideil 1.
10. Fear de chloinn Sheim. (4) – Genesis, caibideil 10.
14. "On — an ear." (4) – Salm 107, ann am meadhradh.

## Leabhraichean

Ann an Alba tha mu dhà cheud taigh-solais agus fad iomadach bliadhna tha iad air treòrachadh a thoirt do mharraichean. Tha Iain Love air leabhar ionmholta a chur ri chèile mu na taighean-solais a tha air eileanan a-mach o chladaichean ar dùthcha. Anns an t-seann aimsir dh'fheumadh daoine a bhith a' fuireach anns na taighean sin airson na solais a chumail laisgte. An-diugh le innleachdan an latha an-diugh tha teicneòlas air àite luchd-coimhead nan taighean-solais a ghabhail.

Bhiodh teaghlachan muinntir nan taighean-solais a' fuireach air tìr. Bhiodh iad a' gabhail compàirt ann am beatha na coimhearsnachd agus ann am beatha na h-eaglais. Bha cuid de na daoine a bha 'nan sgioba air na taighean-solais 'nan creidmich agus bhiodh ùine aca am Bioball agus leabhraichean spioradail a leughadh.

### The Island Lighthouse of Scotland

John A. Love

(Urras Leabhraichean nan Eilean. £10)

Tha iomradh anns an leabhar seo air na daoine innleachdach a thog na taighean-solais air eileanan na h-Alba, gu h-àraidh an teaghlach Stevenson a bha càirdeach don sgrìobhadair ainmeil. Tuigidh sinn cho doirbh agus cho cunnartach agus a bha an obair a ghabh iad os làimh oir tha mòran de na taighean-solais air eileanan agus sgeirean a bha caithriseach.

Tha dealbhannan àlainn air feadh an leabhair, cuid dhiùbh ann an dath, agus 's e an t-ùghdar fhèin a thog a' mhòr-chuid dhiùbh, oir thadhail e fhèin air na taighean-solais mu bheil e a' sgrìobhadh. Thòisich gluasad ann an 1960 airson a bhith a' ruith nan taighean-solais le innealan an àite sgiobaidhean de dhaoine, agus o 1998 chan eil duine air a bhith a' fuireach gu cunbhalach anns na h-ionadan iomallach sin.

Leabhar prìseil eile o Urras Leabhraichean nan Eilean.

- 15. Bha seo air na deisciobail roimh na h-lùdhaich. (5) – Soisgeul Eòin, caibideil 20.
- 18. “Thèid sinn an-diugh no - ———.” (1-8) – Seumas, caibideil 4.
- 20. Shìn Maois seo a-mach gu nèamh. (1,4) – Ecsodus, caibideil 10.
- 21. “Is ——— nuadh chuir E am bheul.” (4) – Salm 40, ann am meadrachd.

**Sìos**

- 1. Thèid a losgadh le teine. (4) – Mata, caibideil 3.
- 2. “Tha mise am chòmhnaidh ann an taigh ———.” (7) – Samuel, caibideil 7.
- 4. Thug e de cheud-ghin a threuda. (4) – Genesis, caibideil 4.
- 5 “An taigh ‘s an àros ———.” (3) – Salm 92, ann am meadrachd.
- 6. Fear de na h-àrd-shagartan. (5) – Lùcas, caibideil 3.
- 7. Rinn an t-iarann seo. (5) – 2 Rìgh, caibideil 6.
- 11. “‘S le saill ro- ——— rèidh.” (7) – Salm 63, ann am meadrachd.
- 12. Nuair a thachras na nithean seo, bidh fios agaibh gu bheil rìoghachd Dhè mar seo. (5) – Lùcas, caibideil 21.
- 16. Bha sùilean nan deisciobal mar seo. (4) – Marcus, caibideil 14.
- 17. “Oran saorsa ———.” (4) – Salm 32, ann am meadrachd.
- 19. Rinn Mòab seo de chnàmhan rìgh Edoim. (3) – Amos, caibideil 2.

**(Gheibh sibh am fuasgladh air an duilleig-chùil.)**

# Teagasg Spioradail anns na Sgoiltean

Brath-naidheachd o Chlèir Leòdhais

**Seo am freagairt a thug Clèir Leòdhais do thagraidh a rinn Comhairle na h-Eaglais agus a’ Phobaill aig Eaglais na h-Alba na bu tràithe air a’ bhliadhna ann an co-chomann ri Comann Daonnaire Alba gu Comataidh nan Athchuingean Poblach aig Riaghaltas na h-Alba.**

A’ leantainn air co-thagraidh Comhairle na h-Eaglais agus a’ Phobaill aig Eaglais na h-Alba agus Comann Daonnaire Alba gu

coinneamh Comataidh nan Athchuingean Poblach aig Riaghaltas na h-Alba, clàraichte 28mh Faoilleach 2014, chaidh Clèir Leòdhais de dh’Eaglais na h-Alba a ghairm gu cabhagach agus chumadh coinneamh cho luath agus a bha comasach.

Tha Clèir Leòdhais a’ daingneachadh gu làidir a taic airson an àite a tha aig prionnsabail Chrìosdail ann an *Religious Observance* ann an sgoiltean nan Eilean Siar agus ann an Alba air fad mar a tha e air a chur sìos ann an Cùmhnant Foillseachail a tha ag aithneachadh gu bheil i ‘na h-Eaglais Nàiseanta a tha a’ riochdachadh Creideamh Crìosdail slugh na h-Alba, ag aideachadh a gairm agus a dleasdanas shònraichte gu meadhanan na diadhachd a thoirt chun an t-sluaigh anns gach sgìre de dh’Alba tro mhinisteealachd thèireil.

Tha a’ Chlèir a’ gabhail ri stà nam prionnsabal Crìosdail agus ag aithneachadh gu bheil e a’ cur luach ri beatha agus foghlam clann-sgoile: beannachd, bho làimh Dhè, a bha aig na ginealaich romhpa, agus a thug dhaibh bun-stèidh creidimh agus cultair shònraichte air an togadh iad am beatha.

Tha Clèir Leòdhais cuideachd ag iarraidh a bhith air an sgaradh gu tur bho ghnìomh Comhairle na h-Eaglais agus a’ Phobaill ann a bhith a’ dèanamh a’ cho-thagraidh seo gu Comataidh nan Athchuingean Poblach ag iarraidh gun deidh *Time for Reflection* a chur an àite *Religious Observance* anns na sgoiltean agus gum feumadh ministearan-sgoile aontachadh ri poileasaidh co-ionannachd agus iomadachd sgoile, no ùghdarras ionadail fòghlaim, mus fhaodadh iad a dhol a-steach do sgoil sam bith.

**Tha a’ Chlèir cuideachd a’ daingneachadh nach eil brìgh an tagraidh seo a’ riochdachadh beachd Eaglais na h-Alba gu h-ìomlan, a chionn nach deach an cuspair seo a dheasbad agus aontachadh leis an Ard-sheanadh.**

Lùigeadh Comhairle Eaglais agus Pobaill “barrachd co-ionannachd fhaicinn do gach creideamh,” agus tha iad den bheachd “nach bu chòir aon siostam creidimh sam bith lusach a bharrachd air gin eile fhaighinn eile fhaighinn ann am Foghlam na h-Alba.” Fhad ‘s a luigeadh a’ Chlèir co-obrachadh ris na h-uile a tha a’ cur air adhart maith an t-sluaigh, tha a’ Chlèir a’ creidsinn gum feum firinnean Crìosdail facal agus gràs Dhè a tha comharraichte agus gun samhail a bhith air an glèidheadh gu teann am measg an t-sluaigh, agus nuair a tha „ gu bheil soirbheas an t-sluaigh cinnteach anns an t-seagh as àirde.

# Gàidhlig Shìmplidh

28 Tha seo a’ dèiligeadh ri an t-àite aig prionnsabail Chrìosdail ann an sgoiltean nan Eilean Siar agus ann an Alba air fad mar a tha e air a chur sìos ann an Cùmhnant Foillseachail a tha ag aithneachadh gu bheil i ‘na h-Eaglais Nàiseanta a tha a’ riochdachadh Creideamh Crìosdail slugh na h-Alba, ag aideachadh a gairm agus a dleasdanas shònraichte gu meadhanan na diadhachd a thoirt chun an t-sluaigh anns gach sgìre de dh’Alba tro mhinisteealachd thèireil.

Ceann-teagaisg airson a’ mhìos seo: “An sin thubhairt Iosa ri a-rithist, Sìth dhuibh.” Tha na

28 Tha seo a’ dèiligeadh ri an t-àite aig prionnsabail Chrìosdail ann an sgoiltean nan Eilean Siar agus ann an Alba air fad mar a tha e air a chur sìos ann an Cùmhnant Foillseachail a tha ag aithneachadh gu bheil i ‘na h-Eaglais Nàiseanta a tha a’ riochdachadh Creideamh Crìosdail slugh na h-Alba, ag aideachadh a gairm agus a dleasdanas shònraichte gu meadhanan na diadhachd a thoirt chun an t-sluaigh anns gach sgìre de dh’Alba tro mhinisteealachd thèireil.

O thoiseach na bliadhna bha uisge trom againn ann an Earra Ghàidheal. Tha mi a’ creidsinn gu robh

28 Tha seo a’ dèiligeadh ri an t-àite aig prionnsabail Chrìosdail ann an sgoiltean nan Eilean Siar agus ann an Alba air fad mar a tha e air a chur sìos ann an Cùmhnant Foillseachail a tha ag aithneachadh gu bheil i ‘na h-Eaglais Nàiseanta a tha a’ riochdachadh Creideamh Crìosdail slugh na h-Alba, ag aideachadh a gairm agus a dleasdanas shònraichte gu meadhanan na diadhachd a thoirt chun an t-sluaigh anns gach sgìre de dh’Alba tro mhinisteealachd thèireil.

Seanfhacal airson a’ mhìos seo: “Cha do bhrìst modh ceann duine riamh.” (Courtesy never broke

28 Tha seo a’ dèiligeadh ri an t-àite aig prionnsabail Chrìosdail ann an sgoiltean nan Eilean Siar agus ann an Alba air fad mar a tha e air a chur sìos ann an Cùmhnant Foillseachail a tha ag aithneachadh gu bheil i ‘na h-Eaglais Nàiseanta a tha a’ riochdachadh Creideamh Crìosdail slugh na h-Alba, ag aideachadh a gairm agus a dleasdanas shònraichte gu meadhanan na diadhachd a thoirt chun an t-sluaigh anns gach sgìre de dh’Alba tro mhinisteealachd thèireil.

Nuair a dh’èirich mi an-diugh bha latha fliuch dorcha ann. Ach an-dràsda tha a’ ghrian a’ deàrrsadh

faclan sin ann an Soisgeul Eòin. Tha iad anns an fhicheadamh caibideil aig an aona rann thar fhichead. (Eòin 20:21). Chuala na deisciobail an guth sin iomadh turas. ‘S e guth Iosa a bha ann. Bha daoine ann a bha a’ smaoinneachadh nach cluinneadh iad guth Iosa a-rithist. Bha E air a chur gu bàs air crann-ceusaidh. Ach dh’èirich E o na mairbh. Thug E buaidh air cumhachd a’ bhàis.

e mar sin air feadh Alba. Chan fhaca mi riamh na h-aibhnichean cho làn agus na pàirceannan cho fliuch. Bidh sinn a’ smaoinneachadh gu bheil sinn a’ faighinn cus uisge. Tha àiteachan eile a tha gann de dh’uisge. A bheil dòigh air na tha a bharrachd de dh’uisge againne a chur gu ceàrnaidhean feumach? Cha bhiodh sin furasda. Ach tha an duine air cuideigin a chur chun na gealaich. Tha fios gun lorgadh dùthchannan beairteach an t-saoghail dòigh air uisge a thoirt gu àiteachan tioram tartmhor.

a man’s head.) Bha na Gàidheil a’ cur luach air a bhith modhail. Tha iomadh taobh air an fhacal Ghàidhlig “modh”. Tha e a’ ciallachadh a bhith foighidneach, coibhneil, sèimh. Tha Pòl ‘na litrichean tric ag innse mar a bu chòir dhuinn a bhith a’ dèiligeadh ri ar co-chreutair. Tha eisimpleir Iosa againn anns na Soisgeulan. Bha Esan gràdhach foighidneach ged a bha daoine ga chàineadh. Bidh cuid de dhaoine ag ràdh nach eil aon fhacal anns a’ Bheurla a tha co-ionann ris an fhacal “modh”.

gu brèagha. Nuair a chòis sinn a’ ghrian togaidh i ar cridhe. Tha a h-uile àite a’ coimhead cho soilleir le solas na grèine. Anns a’ Bhìoball tha a’ ghrian ‘na samhladh air an t-solas a bheir Dia dhuinn. Tha am fàidh a’ sgrìobhadh mu “Ghrian na Fireantachd air èirigh le slàinte ‘na sgiathan.” Thubhairt an salmadair, “Oir ‘s grian ‘s is sgiath lehòbhah Dia, Is bheir E gràs is glòir.”

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### SEIRBHEIS SHONRAICHTE ANNS AN OBAN

Air a' cheud Sàbaid den mhìos seo bidh seirbheis shònraichte ann an eaglais an Obain co-cheangailte ri Fèis Latharna. Bidh an t-seirbheis a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh deich. Bidh cuid mhath den t-seirbheis ann an Gàidhlig.

### AN T-ARD-SHEANADH

Air an ath mhìos bidh sinn a' coimhead air adhart ri coinneamhan an Ard-sheanaidh. Am bliadhna bidh Moderàtor againn aig a bheil Gàidhlig, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan. Tha sinn toilichte gum bi an t-Oll. Moireasdan a' searmonachadh aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann.

### RANN

*Dhut-sa Rìgh ro-ghlòrmhoir, biodh a' bhuaidh gu bràth,  
Siorraidh buan an iolach le 'n do chlaoidh Thu 'm bàs;  
Ainglean boillsge deàlrach thug air falbh a' chlach,  
Phaisg gu caomh an t-aodach anns an uaigh a-steach.*

Sin mar a dh'eadar-theangaich an t-Urr. Ruairidh Dòmhnallach laoidh na Càisge, *Thine be the glory*, a bhios air a seinn ann an iomadh eaglais air Didòmhnaich na Càisge. 'S e ministear anns an Eilbheis, Edmond Louis Budry a dh'fhoillsich an laoidh ann an 1896. Chuir e an laoidh ri chèile nuair a chaochail a bhean. Dh'eadar-theangaich Ruiseart Birch Hoyle an laoidh gu Beurla.



Seo sealladh eile de dh'eaglais Chonain air Loch Obha air an tug sinn iomradh anns a' Mhàrt. Bidh coitheanal Ghleann Urchaidh aig Eaglais na h-Alba a' cumail seirbheis an seo a h-uile mìos, ged is ann le urras neo-eisimileach a tha an togalach an-diugh.

### AN TOIMHSEACHAN

Seo fuasgladh an Tòimhseachain Tarsaing. **Tarsaing** 1. Mise. 3. Fàidh. 8. Uinneagan. 9. Uasal. 10. Aram. 14 Aird. 15. Eagal. 18. A-màireach. 20. A làmh. 21. Oran. **Sìos** 1. Moll. 2. Seudair. 4. Abel. 5. Dhè. 6. Annas. 7. Snàmh. 11. Reamhar. 12. Fagas. 16. Trom. 17. Binn. 19. Aol.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig-aghaidh co-cheangailte ris a' Chàisg. 1. Peadar. 2. — diomhain. 3. Moire. 4. Iòseph o Arimatèa.

### ADHBHAR GAIRE

An latha a bha seo agus fìor dhroch shìde ann cha tàinig ach aon duine don eaglais, tuathanach a bha a' fuireach pìos air falbh. Ged nach robh ach aon neach anns a' choitheanal rinn am ministear seirbheis àbhaisteach a mhair corr is uair an uaireadair. An dèidh na seirbheis thubhairt an tuathanach gu robh iongnadh air cho fada agus a bha an t-seirbheis. Ars am ministear, "Nam biodh caora agadsa ann an achadh astar air falbh tha fios gun deidh tu thuice airson biadh a thoirt dhi." "Rachadh," fhreagair an tuathanach, "ach cha toirinn dhi làn a' phoca."

## Urnaigh

A Dhè uile-chumhdaich,  
tha sinn a' toirt taing dhut as-ùr  
airson teachdaireachd na Càisge.  
Tha sinn gad mholadh  
airson buaidh Chrìosd  
thairis air cumhachd a' pheacaidh  
agus cumhachd a' bhàis.  
Beannaich gach seirbheis  
a bhios air an cumail  
air feadh na Gàidhealtachd  
agus air feadh an t-saoghail  
aig àm na Càisge.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Sealladh à Earra Ghàidheal,  
a' coimhead tarsaing Loch Fin.  
Aig an àm sin den bhliadhna  
bha sneachd air na beanntan  
as fhaide air falbh.